



# Tabhartasan Coilltearachd airson coilltean air Cùiltean-cinn

Tha Sgeama Tabhartasan na Coilltearachd (*Forestry Grant Scheme - FGS*) a' toirt seachad diofar thabhartasan gus taic a chumail ri glèidheadh agus fàs nan coilltean ann an Alba. Faodaidh cùiltean-cinn aig a bheil Àireamh Iomradh Gniomhachais (*Business Reference Number - BRN*) tagradh a dhèanamh airson Tabhartasan FGS. Is urrainn do luchd-obrach Coilltearachd na h-Alba agus comhairlichean Pròiseact Coilltearachd Chroitean comhairle agus fiosrachadh a thoirt do chomataidhean ionaltraidh air na tabhartasan a tha rim faighinn, ach is dòcha gur iad seo na tabhartasan anns am bi an ùidh as mothà aig daoine:

**1. Tabhartas Co-obrachadh Coilltearachd** Is urrainn do chùiltean-cinn tabhartas suas ri £10,000 faighinn bho mhaoin Co-obrachaidh Coilltearachd FGS gus rannsachadh a dhèanamh air na cothroman gus coilltean a chruthachadh air sgèile nas mothà no airson riaghlaidh coille. Faodaidh seo a bhith gu tur taobh a-staigh cùl-cinn no ann an co-obrachadh le nàbaidhean. Faodaidh comataidh ionaltraidh no club stoc-chaorach, no treas pàrtaidh tagradh a dhèanamh às an leth airson tabhartas co-obrachaidh. Feumar comasaiche fhastadh (mar as trice àidseant coilltearachd) gus am pròiseact a stiùireadh. Gus a bhith airidh air an tabhartas co-obrachaidh, feumaidh na leanas a bhith aig cùl-cinn: comataidh ionaltraidh agus co-dhiù 4 luchd-earrannan a bhith a' gabhail pàirt no cluba stoc-chaorach le co-dhiù ceathrar bhall. Faodar a' mhaoin a chleachdadh mar eisimpleir gus; measadh a dhèanamh air staid nan coilltean dùthchasach a tha ann agus feumalachdan riaghlaidh airson an àm ri teachd a chomharrachadh m.e. ath-nuadhachadh coille, no gus raointean a chomharrachadh a tha freagarrach airson a bhith a' cruthachadh choilltean. Bidh maoineachadh a' toirt taic do sgrùdaidhean comais agus do dh'obair sgrùdaidh làraich gus plana pròiseict a chruthachadh agus a chur a-steach gu Coilltearachd na h-Alba. Faodaidh a' chomataidh no club stoc-chaorach, no croitearan fa leth tagradh air leth a dhèanamh gu FGS airson maoineachadh gus na gniomhan a tha air an comharrachadh anns a' phlana pròiseict a libhrigeadh.

**2. Cruthachadh Choilltean** Tha tabhartasan de suas ri £3,600/ha rim faighinn airson a bhith a' cur choilltearachd dùthchasach ùra taobh a-staigh raon sònraichte, a tha a' gabhail a-steach a' mhòr-chuid de sgìre na Gàidhealtachd. Airson coilltean beaga (<3ha) air làraichean fosgailte anns na siorrachdan croitearachd, tha tabhartasan suas ri £6,720/ha rim faighinn. A bharrachd air seo, far a bheil feum air feansaichean fhèidh, faodar taic a thoirt dha seo aig ire £7.60/m le cosgais feansa fèidh àrd de £9.90/m ri faighinn thairis air mòran den Ghàidhealtachd. Is dòcha gum bi e comasach do choilltean ùra maoineachadh carboin a bharrachd a thàladh bho luchd-tasgaidh priobhaideach tro Chòd Carboin nan Coilltean. <https://woodlandcarboncode.org.uk/>

Feumar a bhith faiceallach nuair a thathar a' beachdachadh air talamh airson planntachadh gus bacadh sam bith a chomharrachadh agus aghaidh a chur ris m.e. chan fhaodar craobhan a chur air moine nas doimhne na 50cm, agus gus dèanamh cinnteach gu bheil an làrach comasach air coille a stèidheachadh chun na h-ìre a tha riatanach fo FGS. Is fhiach beachdachadh cuideachd an gabhadh fiadh a dhèanamh air an làraich. Mar as trice gheibhear tabhartas calpa FGS ann an dà ire - às dèidh an fheansa a thogail, agus nuair a bhios an obair planntachaidd deiseil. Thèid a phàigheadh gu dìreach dhan BRN, mar as trice taobh a-staigh 3 mìosan den tagradh. Bithear a' toirt seachad an tabhartas riaghlaidh bliadhnaidh gach bliadhna air Foirm larraois Singilte (*Single Application Form - SAF*) nan cùiltean-cinn agus thèid a phàigheadh gach bliadhna, bliadhna an dèidh làimh. Thathar a' moladh gun dèanar conaltradh tràth le coilltear proifeasant, le comhairliche Coilltearachd Chroitean no leis an Oifis Glèidhiddh ionadail aig Coilltearachd na h-Alba gus beachdachadh air làraichean a dh' fhaodadh a bhith ann. Feumar iarrtas Coilltearachd Croitearachd a dhèanamh gu Coimisean nan Croitearan cuideachd airson a bhith a' cur coilltearachd air dòigh ann an cùiltean-cinn <https://www.crofting.scotland.gov.uk/coilltearachd-croiteir>

**3. A' Stèidheachd Ath-nuadhachadh Nàdarra** Faodaidh FGS tabhartas de £300/ha a thoirt seachad airson ath-nuadhachadh nàdarra ùr a stèidheachadh, le dùil gum bi dùmhachd stoc de 400 craobh/ha ann aig an ire as isle às dèidh còig bliadhna. Gheibhear tabhartasan feansaichean agus riaghlaigh fèidh an co-bhonn ris a' mhaoineachadh seo gus ath-nuadhachadh coille a bhrosnachadh agus a dhòn.

**4. Tabhartasan Leasachaiddh Choilltean agus Leasachadh Seasmhachd Choilltean** Gus taic a chumail ri riaghlaigh choilltean dùthchasach, tha FGS a' tabhann raon de Thabhartasan Leasachaiddh Coille gus airgead calpa a mhaoineachadh airson gnìomhan gus cor nan coilltean a leasachadh agus tabhartasan riaghlaidh bliadhnailean de £25/ha airson cosgaisean riaghlaigh is sgrùdadh fèidh ann an coilltean dùthchasach agus £43/ha airson spréidh a chumail a-mach.

Tha FGS na sgeama tabhartais farpaiseach agus tha iarrtas mòr ann airson maoineachadh ann an 2020. Thèid tagraighean a mheasadh agus a sgòradh leis an sgioba ionadail aig Coilltearachd na h-Alba agus thathar a' moladh conaltradh tràth leis an oifis Glèidheteachais Ionadail agad gus faighinn a-mach gus faighinn a-mach a bheil maoineachadh ri faighinn. Is urrainnear fios a chur gu Glèidheteachas na Gàidhealtachd is nan Eilean aig [highland.cons@forestry.gov.scot](mailto:highland.cons@forestry.gov.scot). Gheibhear fiosrachadh mu na tabhartasan uile agus mar a chuireas tu fios chun na h-oifis Glèidhidih ionadail aig Coilltearachd Albannach aig <https://forestry.gov.scot/support-regulations/forestry-grants>

Faodar fios a chur gu comhairlichean Pròiseact Coilltearachd Chroitean aig [crofting@woodlandtrust.org.uk](mailto:crofting@woodlandtrust.org.uk)

Ann an leabhar-làimhe coilltearachd na Gàidhealtachd is nan Eilean a chruthaich pròiseact Coilltearachd Chroitean tha mòran fiosrachaiddh mu bhith a' dealbhadh agus a' leasachadh choilltean <https://www.woodlandtrust.org.uk/media/44068/highlands-and-islands-woodlands-handbook.pdf>